

BÒRD NA GÀIDHLIG

Geàrr-chunntas coinneimh:
Comataidh Poileasaidh is Ghoireasan
Dimàirt 27/10/2020 09.30 – 12.30
Seisean Dùinte - Tro MS Teams

Minutes of the meeting of:
Policy & Resource Committee
Tuesday 27/10/2020 09.30 – 12.30
Closed Session - Via MS Teams

Buill Bùird an Làthair:

Dòmhnull MacLeòid (Cathraiche) [DML]
Màiri T NicAonghais [MTNI]
Johan Nic a' Ghobhainn [JNG]

Board Members Present:

Donald MacLeod (Chair) [DML]
Mary T MacInnes [MTMI]
Johan Smith [JS]

A' frithealadh:

Shona Nicllinnein, Ceannard [SNI]
Ailig Greumach, Ceann an Ionmhais [AG]
Daibhidh Boag, Stiùiriche Planadh Cànan is Leasachaidhean Coimhersnachd [DB]
Seumas Whannel, Stiùiriche Foghlam Gàidhlig [SW]
Steven Kellow, Oifigear Maoineachaidh is Phròiseactan [SK] – Puing 3.1
Louise Niclleathain, Manaidsear Ghniomhan [LNI] – Puingean 6-8
Peadar Morgan, Manaidsear Rannsachaiddh is Planadh Corpais [PM]
Puing 5
Orla NicDhòmhnaill, A' clàradh a' gheàrr-chunntais [OND]

In attendance:

Shona MacLennan, Ceannard [SML]
Alex Graham, Head of Finance [AG]
David Boag, Director of Language Planning & Community Developments [DB]
Jim Whannel, Director of Gaelic Education [JW]
Steven Kellow, Funding & Projects Officer [SK] – Item 3.1
Louise MacLean, Operations Manager [LML] – Items 6-8
Peadar Morgan, Research and Corpus Planning Manager [PM] – Item 5
Orla MacDonald, Recording the minutes [OMD]

SEISEAN DÙINTE	CLOSED SESSION
1.0 CÙISEAN TÒISEACHAIDH	OPENING ITEMS
1.1 Fàilte is Leisgeulan Chuir an Cathraiche failte air a h-uile duine chun na coinneimh.	Welcome & Apologies The Chair welcomed everyone to the meeting.
1.2 A' nochdadadh com-pàirt MTNA Ceòlas – Oilthigh na Gàidhealtachd – Caisteal a' Bhatail Nuaidh DML Comhairle nan Eilean Siar AG Comhairle na Gàidhealtachd	Declarations of Interest MTMI Ceolas – Oilthigh na Gàidhealtachd – Newbattle Abbey College DML Comhairle nan Eilean Siar AG Comhairle na Gàidhealtachd
1.3 Geàrr-chunntas Chaidh GABHAIL RI geàrr-chunntas na coinneimh a chumadh air 24/08/2020 leis an atharrachadh ainmichte.	Minutes The Minutes of the meeting held on 24/08/2020 were APPROVED with noted amendment.
1.4 Clàr-ghniomhan Fhuair Buill fiosrachadh às ùr air adhartas mu nithean a bha fhathast rin coileanadh air clàr-ghniomhan na comataidh. Bhruidhinn buill air naidheachdan ùra agus chuir iad an cèill cho cudromach 's a tha e gu bheil goireasan ionnsachaiddh rim faighinn rin cleachdadh barrachd air aon turas.	Action Log Members received an update on progress on outstanding items on the committee action log. Members discussed various updates and pointed out how important it is to make sure resources for learning are available to use more than once.
Co-dhùnadhbh: Thug Buill FA-NEAR dhan fiosrachadh as ùire sa chlàr-ghniomhan.	Decision: Members NOTED the action log updates.
Gniomhan:	Actions:
<ul style="list-style-type: none"> • Puist-d rin cur gu buill nuair a thèid faidhlichean a chur air raon Buill a' Bhùird air Sharepoint. • LNI ri chomharradh air foirm chosgaisean far an deach atharrachaidhean a dhèanamh. 	<ul style="list-style-type: none"> • E-mails to be sent to members when files are uploaded to the Board members area on Sharepoint. • LML to mark on costs form where changes have been made.

- DB ri bruidhinn mu mhaoineachadh do bhuidhnean maoinichte aig a' choinneimh leis na buidhnean maoinichte air 02/11/2020. Chaidh aontachadh gum bu chòir na buidhnean a stiùireadh a dh'ionnsaigh ghoireasan a th' ann mar-thà, seach gun cruthaich BnG goireas.
- SNI ri dèanamh cinnteach gun tèid na cùisean a dh'èirich às an t-suirbhidh luchd-obrach a thoirt air adhart.

- DB to discuss the resource for funded groups at the meeting with the funded groups on 02/11/2020. It was agreed that the groups should be signposted to existing resources, rather than BnG creating one.
- SML to ensure that the items which arose from the staff survey should be taken forward

1.5 GISBE

- Trusadh bhall bùird ùra (MTNA)
- Sgioba-obrach (JNG)
- Prògram choinneamhan ri bhith aig CPG le buidhnean a tha BNG a' maoineachadh (MTNA)
- Cruth ùr phàipearan (DML)

AOCB

- Recruitment of new board members (MTMI)
- Staffing (JS)
- Policy & Resources Committee to have a programme of meeting with funded organisations (MTMI)
- New structure of papers (DML)

SEISEAN FOSGAILTE

Chuir an Cathraiche DML fàilte air a h-uile duine don t-seisean fhosgailte is phoblach den choinneimh.

OPEN SESSION

Chair welcomed all to the open public session of the meeting.

2.0 IONMHAS

2.1 Aithisg Ionmhais gu 30.09.2020

Thug AG sealladh farsaing air a' phàipear agus mar a bheir Covid-19 buaidh air na buidseatan airson a' chòrr den bhliadhna. Bheachdaich na buill air clàr-ama airson cuin a bhios fios aig an sgioba mu chosgaisean nach tig orra am-bliadhna. Bhruidhinn na buill cuideachd air mar a thathas a' cleachdadh a' Mhaoin Co-obrachaidh.

Co-dhùnadhdh:

Thug na buill **FA-NEAR** don fhiosrachadh mar a chaidh a thaisbeanadh.

Gniomhan:

AG gus innse do bhuill mun fhiosrachadh a chaidh a dheasbad.

FINANCE

Finance Report to 30.09.2020

AG gave an overview of the paper and of how Covid-19 will affect the budgets for the rest of the year. Members discussed a timeframe for when the team will know about costs which will not be incurred this year. Members also discussed how the Collaboration Fund is being used.

Decision:

Members **NOTED** the information presented

Action:

AG to keep members informed on the information discussed.

3.1 Priomhachasan & Bun-riaghailtean Sgeamaichean Taic-airgid 2020/21

(thàinig SK a-steach)

Priorities and Rules of 2021/22 Funding Schemes (SK joined)

Fhuair Buill fios-ullachaiddh mu mhaoineachadh bho SK. Bhruidhinn na buill air mar a nì na priomhachasan agus na riaghailtean ùra cinnteach gum bi sgeamaichean soirbheachail agus mar a bheir iad buannachd do na buidhnean/daoine a tha a' cur a-steach airson tabhartasan.

Members received a briefing on funding from SK.

Members discussed how the new priorities and rules will ensure that schemes are successful and how they will benefit the organisations/individuals applying for grants.

Co-dhùnadhdh:

DH'AONTAICH buill ris a' phàipear le atharrachaidhean

Decision:

Members **APPROVED** the paper with agreed amendments

Gniomhan:

Chaidh iarraidh air oifigearan:

Fios a chumail ri buill mu phuingean feumail sam bith a thig bhon cho-chomhairle.

Dèanamh cinnteach gu bheilear a' cumail 'Gàidhlig sa Choimhearsnachd' mar phrìomhachas.

Coimhead air mar a ghabhadh sgeama Colmcille a chleachdadh gus cur ris an eaconamaidh.

Actions:

Officers were asked to:

Keep members informed of any useful points that arise from the consultation.

Ensure that 'Gaelic in the Community' is mentioned as a priority.

Look at how Colmcille scheme could be used to add to the economy.

3.0 RIAGHLADH CORPORRA

3.1 Plana Gniomh 2020/21 - Sgrùdadh

Bheachdaich na buill air leasachaidhean ann an grunn raointeann den phlana. Dh'innis SNI do bhuill mu choinneamh o chionn ghoirid eadar Bòrd na Gàidhlig agus Comhairle nan Eilean Siar, agus mhìnich i ìre deasachaidh a' Phlana Leasachaidh ùir.

Bha deasbad ann mu far a bheil cothroman agus dùblain rin lorg, a tha a' sior atharrachadh air sgàth Covid-19.

Thabhairn a' Chomataidh an taic gus nithean deurga sam bith a thoirt air adhart mar a bha iomchaidh.

(Dh'fhàg DML a' choinneamh feadh an deasbaid mu Chomhairle nan Eilean Siar)

Co-dhùnadhdh:

Thug buill **FA-NEAR** don fhiorsachadh a chaidh a thaisbeanadh.

Gniomhan:

Beachdaichidh SNI air mar as urrainn don Chomataidh cuideachadh le gniomhan a tha ann an dearg agus gabhail ris an taigse seo.

Thug JNG fa-near gum biodh e feumail àireamhan a bhith ann airson coimeas a dhèanamh anns an earrainn 'A' cur na Gàidhlig Air Adhart'.

Thoir fios do bhuill mu adhartas gus an urrainn dhaibh cuideachadh nuair a tha e comasach.

SNI gus Plana Leasachaidh a chur gu buill aon uair's gu bheil e deiseil

4.0 CLEACHDADH

4.1 Planaichean Gàidhlig

PT1 – PGR005 CO3 Coimisean na Croitearachd

Thug DB sealladh farsaing air a' phlana seo a tha san treas eagran agus a chaidh a thoirt do Phannal nam Planaichean san t-Sultain. Bheachdaich na buill air a' phlana agus na raointeann anns am bu mhath leotha beagan leasachaidh fhaicinn. Chaidh aontachadh gum biodh am falal "cànanach" air a chur ris an liosta de shochairean a tha air an sònrrachadh sa phlana.

PT2 - PGR017 CO1 Comhairle Lodainn an Ear

Thug DB sealladh farsaing air a' phlana seo a tha sa chìad eagran agus a chaidh gu Pannal nam Planaichean sa Ghearran. Chomharraich DB gum feumar cinn-latha ùrachadh. Chuir buill fàilte air a' phlana seo agus thug iad taing don fheadhainn a bha an sàs ann a bhith ga dhèanamh.

PT3 - PGR027 CO2 Comhairle Siorrhachd Àir a Deas

Thug DB sealladh farsaing air a' phlana seo a tha san dàrna eagran. Chuir buill fàilte air a' phlana agus tha iad an dòchas gum bi deagh bhuaidh aige.

Co-dhùnadhdh:

DH'AONTAICH na buill ris na planaichean leis na h-atharrachaidhean. Tha buill a' toirt taing dhaibhsan a tha an sàs anns na planaichean airson an cuid obrach.

CORPORATE GOVERNANCE

Operational Plan 2020/21 Monitoring

Members discussed developments in various areas of the plan. SML informed members about a recent meeting between Bòrd na Gàidhlig and Comhairle nan Eilean Siar, and explained where the new Improvement Plan is in its production.

There was discussion about where opportunities and challenges exist and which are constantly changing due to Covid-19.

The Committee offered their support to progress any red items as appropriate.

(DML left the meeting during the discussion involving Comhairle nan Eilean Siar)

Decision:

Members **NOTED** the information presented.

Actions:

SML will consider how the Committee can assist with tasks which are in red and respond to this offer.

JS noted that it would be useful to have numbers to compare in the 'Promoting Gaelic' section.

Keep members informed on progress so that they can assist anywhere possible.

SML to send Improvement Plan to members once it is ready

USAGE

Gaelic Language Plans

PT1 – PGR005 CO3 Crofting Commission

DB gave an overview of this plan which is the third edition and was presented to the Plans Panel in September. Members discussed the plan and areas in which they would like to see some development. Agreed that the word "linguistic" would be added to the list of benefits highlighted in the plan.

PT2 – PGR017 CO1 East Lothian Council

DB gave an overview of this plan which is the first edition and went to the Plans Panel in February. DB pointed out that dates need updating. Members welcomed this plan and thanked those involved in making it.

PT3 – PGR027 CO2 South Ayrshire Council

DB gave an overview of this plan which is the second edition. Members welcomed the plan and hope that it will have a positive impact.

Decision:

Members **APPROVED** the plans with the amendments. Members thanks those involved in the plans for their work.

Gniomhan

- PT1 – DB ri ùrachadh
- PT2 – DB ri cinn-latha ùrachadh
- PT3 – DB ri cinn-latha ùrachadh

Actions:

- PT1 – DB to update
- PT2 – DB to update dates
- PT3 – DB to update dates

4.2 Amasan Àrd-ìre

Bheachdaich na buill air cuid de dh'atharrachaidhean a bu mhath leotha fhacinn sa phlana. Bhruidhinn na buill cuideachd air mar a bhios buidhnean a' cosg airgead air a' Ghàidhlig tro bhuidseatan eile.

Co-dhùnadh:

DH'AONTAICH buill ris na h-Amasan Àrd-ìre le atharraichean.

Gniomhan:

- 'Roinnean iomchaidh SG' gan atharrachadh gu 'Roinnean SG Uile.'
- DB gus bruidhinn ri co-obraichean ann an Riaghaltas na h-Alba mu mar a bhios iad a' measadh fàs na Gàidhlig taobh a-staigh nam buidseatan a th' ann mar-thà.

High Level Aims

Members discussed some changes which they would like to see in the plan. Members also discussed how organisations spend money on Gaelic through other budgets.

Decision:

Members **APPROVED** the High Level Aims with amendments.

Actions:

- 'Relevant SG Departments' being changed to 'All SG Departments.'
- DB to discuss with Scottish Government colleagues how they assess growing Gaelic within existing budgets.

5.0 IONNSACHADH

5.1 Àireamhan foghlaim – clann is inbhich

Bheachdaich na buill air na dòighean anns a bheil dàta air a chruinneachadh agus dè cho èifeachdach 's a dh'fhaodadh iad a bhith. Thog buill dragh mu na h-àireamhan a' tuiteam ann an àrd-sgoiltean. Thug PM sealladh farsaing air mar a thèid dàta a chruinneachadh airson 20/21.

LEARNING

Education statistics – children and adults

Members discussed the ways in which data is collected and how effective these can be expected to be. Members expressed concern about the falling numbers in high schools. PM gave an overview of how data will be collected for 20/21.

Co-dhùnadh:

Thug buill **FA-NEAR** don fhiosrachadh a chaidh a thaisbeanadh agus thug iad taing don h-uile duine a tha an sàs ann am foghlam Gàidhlig.

Decision:

Members **NOTED** the information provided and expressed appreciation for everyone involved in Gaelic education.

Gniomhan:

Sgioba Foghlaim ag obair gus fiosrachadh a chruinneachadh mu bhuidhnean ro-sgoile nach eil air am maoineachadh le BNG.

Actions:

Education Team working to gather information about pre-school groups who are not funded by BNG.

5.2 Foghlam Àrd-sgoile

Secondary School Education

Chuir buill fàilte air an fhiosrachadh seo agus bheachdaich iad air cho cudromach 's a tha e gach cothrom a ghabhail gus Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig a leasachadh.

Members welcomed this information and discussed how important it is to take every opportunity to develop Gaelic Medium Education

Co-dhùnadh:

Thug buill **FA-NEAR** don fhiosrachadh.

Decision:

Members **NOTED** the information provided

6.0 CÙISEAN CORPORRA

CORPORATE MATTERS

6.1 Poileasaidh mu chleachdadhbh post-d agus an eadar-lìn

Email and Internet use policy

Bheachdaich na buill air cuid de bhriathrachas a chaidh a chleachdadhbh sa phoileasaidh.

Members discussed some terminology used in the policy.

Co-dhùnadh:

DH'AONTAICH buill ris a' phoileasaidh.

Decision:

Members **APPROVED** the policy.

7.0 PLANA OBRACH NA COMATAIDH

COMMITTEE WORKPLAN

Dreachd Plana Obrach na Comataidh Poileasaidh is Ghoireasan

Bheachdaich na buill air coinneamh a bharrachd a chumail ron ath choinneamh chlàraichte sa Ghearran 2021. Chaidh aontachadh nach tachradh seo mura biodh tagraighean a bharrachd ann agus gum biodh coinneamh feumail.

Co-dhùnadh:

DH'AONTAICH na buill ris a' phlana obrach.

8.0 GNOTHACH IOMCHAIDH SAM BITH EILE

Buill bhùird ùra

Thuirt MTNA gu bheil am pròiseas airson buill ùra a' bhùird a thrusadh air töiseachadh. Thuirt i gun do dh'aontaich an riaghaltas ri 3 buill ùra a' bhùird agus thèid sanasan a-mach an ath mhìos leis an amas gum bi buill ùra san dreuchd bho 1 Giblean 2021.

Sgioba-obrach

Thog JNG dragh a thaobh an robh gu leòr luchd-obrach ann agus mu fhoghainteachd sa bhuidheann. Dhaingnich SNI gu bheil cùis gnothaich ga leasachadh airson goireasan a bharrachd. Thug i cunntas cuideachd air gniomhan gus foghainteachd a mheudachadh tro thar-thrèanadh a tha a' dol air adhart. Chaidh iarradh air SNI fiosrachadh a chumail ris a' chomataidh mu shuidheachadh an sgioba-obrach.

CPG dol a choinneachadh ri buidhnean a tha BNG a' maoineachadh

Mhol MTNA gun coinnich a' Chomataidh ri buidhnean a tha air am maoineachadh le BNG agus bu mhath leatha priomhachas a thoirt dhaibhsan a gheibh na h-ìrean maoineachaidh as àirde. Chaidh aontachadh ris a' mholadh seo.

Beachdan air cruth ùr phàipearan

Dh'iarr DML air buill am beachdan innse mun dòigh ùr air pàipearan a chur gu buill. Thuirt e gum biodh e na b' fheàrr pàipearan na comataidh a bhith ann an aon sgriobhainn.

Gniomhan:

SNI gus fiosrachadh a chumail ri buill mu chùis gnothaich, sgioba-obrach agus trèanadh.

Tha buill airson fiosrachadh fhaighinn nuair a thèid sgriobhainnean a luchdachadh suas don raon aca air Sharepoint.

Thug an Cathraiche taing dha na h-uile airson na chuir iad ris a' choinneimh agus airson na h-obair ullachaidh a rinn iad.

Thug e cuideachd taing don fheadhainn a bha a' frithealadh air-loidhne airson an ùidh agus thug e cuireadh dhaibh a dhol an sàs tro phost-d no tro na meadhanan sòisealta le smuaintean no molaidhean sam bith a dh'fhaodadh cuideachadh le iomairtean Gàidhlig.

Ceann-latha airson nan ath choinneamhan: 02/02/2021

Dhùin a' choinneamh aig 12.35

Policy & Resources Draft Work Plan

Members discussed having an additional meeting before the next scheduled meeting in February 2021. It was agreed that this would only happen if there were extra applications and a meeting would be useful.

Decision:

Members APPROVED the work plan.

ANY OTHER BUSINESS

New board members

MTMI reported that the process of recruiting new board members has started. She reported that the government agreed to 3 new board members and adverts will go out next month with the aim that new members are in post from 1 April 2021.

Staffing

JS raised a concern about whether level of staffing was adequate and about resilience in the organisation. SML confirmed that there is a business case being developed for additional resources. She also described actions to increase resilience through cross-training which is underway. It was requested that SML keep the committee informed on the staffing situation.

Policy & Resources Committee to meet with organisations who are funded by BNG

MTMI recommended that the Committee meet organisations funded by BNG and would like to prioritise those who receive highest levels of funding. This recommendation was agreed.

Opinions on the new structure of papers

DML asked that members forward their views on the new method of papers being sent to members. He indicated that it would be better to have the committee papers in one document.

Actions:

SML to keep members informed on business case, staffing and training.

Members wish to be informed when documents get uploaded to their area on Sharepoint.

Chair thanked all for their contribution to and preparation for the meeting.

He also thanked those attending online for their interest and invited them to engage via email or through social media with any thoughts or recommendations that may help with Gaelic initiatives.

Date for the next meetings: 02/02/2021

The meeting closed at 12.35